

Achd Foghlam (Alba) 2016

Aithisg le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Sgoiltean gus beachd neo-eisimeileach a thoirt seachad a thaobh breith airson Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear gus Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh bhon Lùnastal 2023, mura biodh e mì-reusanta sin a dhèanamh. Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear air sgìre na comhairle air fad a chomharrachadh mar an sgìre-mheasaidh anns am bithear a' measadh a bheil Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a dhìth.

Am Faoilleach 2022

1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo bho Fhoghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Sgoiltean (Luchd-sgrùdaidh na Banrigh) ann an co-rèir ri teirmichean [Achd Foghlam \(Alba\) 2016](#) (an Achd 2016). 'S e adhbhar na h-aithisg seo beachd neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a libhrigeadh air a' bhreith gus Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh ann an Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear bho Lùnastal 2023. Tha seo stèidhte air iarrtas, a fhuair leas an ùghdarras foghlaim bho phàrantan aig a bheil clann, fo earrann 7 den Achd 2016. Tha an t-iarrtas, mar a tha deatamach, bho phàrantan aig a bheil clann fo aois sgoile nach do thòisich air bun-sgoil a fhrithealadh fhathast. Tha an t-ùghdarras foghlaim air sgìre na comhairle air fad a chomharrachadh mar an sgìre-mheasaidh air am bithear a' measadh a bheil Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a dhìth.

1.2 Tha earrann 2 den aithisg seo a' cur an cèill geàrr-mhìneachadh air a' phròiseas measaidh agus beachdan Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air a' bhreith airson an ùghdarras foghlaim Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh. Tha seo ann an co-rèir ri Earrannan 12 agus 13 den Achd 2016. Tha an earrann seo a' cur an cèill mar a bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh:

- air an fhiosrachadh a fhuair leas bhon chomhairle air iarrtas nam pàrantan;
- air fiosrachadh eile a fhuair leas bhon ùghdarras foghlaim air an tug iad fa-near, mar a dh'fheumadh, rè a' chiad measaidh aca air an iarrtas airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig;
- air an eòlas spèisealta a tha aig Luchd-sgrùdaidh na Banrigh aig ìre nàiseanta gus beachdachadh air an fheum a dh'fhaodadh a bhith ann airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig agus air mar a ghabhadh a stèidheachadh san sgìre-mheasaidh ainmichte. Tha an t-eòlas spèisealta seo a' tarraing air an t-suidheachadh a th' ann an Alba san fharsaingeachd a thaobh pàrantan, Gàidhlig agus foghlam; agus
- bun-chùisean àithnteil air am feum an t-ùghdarras foghlaim beachdachadh nuair a tha iad a' dèanamh breith a thaobh mar a dh'fhaodadh Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a bhith a dhìth. Tha seo ann an co-rèir ri earrann 1.52 den Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig 2017.

1.3 Tha earrann 3 den aithisg seo a' toirt geàrr-chunntas air àrd-shealladh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a thaobh a bheil stèidheachadh Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a dhìth. An dèidh dhaibh an aithisg seo fhaighinn, tha an Achd 2016 a' cur dleastanas air an ùghdarras foghlaim gum feum iad aire a thoirt dhi nuair a tha iad a' deasachadh na h-aithisg aca air a' bhreith a thaobh Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh. Feumaidh aithisg an ùghdarras foghlaim a bhith a' gabhail a-steach mìneachadh air mar a ghèill iad ris an dleastanas a tha orra gus Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh, mura biodh e mì-reusanta sin a dhèanamh.

1.4 Feumaidh an t-ùghdarras foghlaim an aithisg dheireannach aca fhoillseachadh taobh a-staigh deich seachdainean an dèidh dhaibh co-dhùnadh measadh iomlan a dhèanamh. Foillsichidh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh an aithisg againn air an làrach-lìn againn aig an aon àm 's a tha an t-ùghdarras foghlaim a' foillseachadh na h-aithisg aca.

1.5 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh na gnìomhachasan seo os làimh:

- toirt ri chèile a h-uile sgrìobhainn iomchaidh a chaidh a sholarachadh leis an ùghdarras foghlaim a thaobh a' mholaidh;
- còmhradh leis an ùghdarras ionadail agus luchd-co-chomhairleachaidh buntainneach; agus
- lèirmheas a dhèanamh air Plana Gàidhlig na comhairle agus pròiseasan planaidh eile.

2. Pròiseas measaidh agus breith Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a thaobh stèidheachadh Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig

2.1 Chuir Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear brath gu Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air 16 Dùbhlachd 2021 gun d' fhuair iad iarrtas bho phàrantan a bha ag iarraidh measadh gus faicinn a bheil Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a dhìth. Tha an tagradh seo airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a bhith air a stèidheachadh taobh a-staigh sgìre an ùghdarras fhoghlaim bho Lùnastal 2023. Dh'innis an t-ùghdarras fhoghlaim do Luchd-sgrùdaidh na Banrigh gun robh iad air ciad mheasadh a dhèanamh air an tagradh seo san t-Samhain 2021. Thug seo fianais gu bheil iarrtas ann airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig. Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh ag aontachadh gu bheil iarrtas gu leòr ann airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh bho 2023. Mar sin, tha sinn a' moladh gu làidir gun cum an t-ùghdarras fhoghlaim a' dol le bhith a' stèidheachadh Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig ann an 2023. Anns na còmhraidhean a bha againn leis an ùghdarras fhoghlaim, sheall iad dhuinn cuid den phlanadh dheimhinneach a rinn iad a dh'ionnsaigh measadh iomlan. Dh'aontaich sinn leis an ùghdarras fhoghlaim gum bu chòir gu bheillear a' toirt air adhart am modh-obrach aca san àm ri teachd ann an co-obrachadh làidir le pàrantan agus mar phàirt de mhodh-obrach planaichte, ro-innleachdail gus Foghlam tron Ghàidhlig adhartach a leasachadh.

2.2 Tha am fiosrachadh bhon ùghdarras fhoghlaim a' sealltainn gu bheil ùidh bho phàrantan ann a bhith a' clàradh an cuid chloinne ann am Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig bho 2023 agus suas gu 2026. Bu chòir don ùghdarras fhoghlaim cumail orra a' toirt air adhart an dleastanas reachdail aca gus Foghlam tron Ghàidhlig a chur air adhart do phàrantan san fharsaingeachd, mar a tha riatanach fon Achd 2016. Nan robh Foghlam tron Ghàidhlig ri fhaotainn taobh a-staigh an ùghdarras ionadail, bhiodh sin a' lùghdachadh an fheum a th' ann an-dràsta airson clann a bhith a' siubhal gu ùghdarras eile a tha am fagas airson na roghainn seo a tha ri fhaotainn ann am foghlam Albannach. Bhiodh seo a' dèanamh Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig nas tarraingich, agus dh'fhaodadh e an t-iarrtas airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a mheudachadh barrachd. Bu chòir don ùghdarras fhoghlaim a' cumail orra a' cur air adhart agus a' sgaoileadh nan soirbheasan a tha air a bhith aig Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig taobh a-staigh foghlam na h-Alba. Bu chòir gu bheillear a' cur air adhart na buannachdan a thig bho dhà-chànanachas agus mar a tha a bhith mar neach-labhairt na Gàidhlig na phàirt de dh'fhèin-aithne, cultar agus dualchas na h-Alba.

2.3 Tha Plana Gàidhlig reachdail aig an ùghdarras fhoghlaim airson 2017-22. Tha seo a' gabhail a-steach briathran taiceil a thaobh Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh a bhith rim faighinn do sgoilearan taobh a-staigh an ùghdarras fhoghlaim. Tha am Plana Gàidhlig a' toirt seachd gealltanais gum bithear “gu for-ghnìomhach a' lorg agus a' brosnachadh chothroman airson clann is daoine òga bho 3 bliadhna a dh'aois suas gu 18 a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig taobh a-staigh nan sgoiltean is ionadan againn. Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom, aig pàrantan agus aig a' phobaill, air fiosrachadh mu dheidhinn an fhoghlaim Ghàidhlig a tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear a' solarachadh. Bidh sinn a' beachdachadh air mar a dh'fhaodar Gàidhlig a ghabhail a-steach san ro-innleachd Cànanan 1+2 againn, mar phàirt de phròiseas leantainneach gus sùil a chumail air agus measadh a dhèanamh air an ro-innleachd seo.” Tha a' chiad mheasadh a rinneadh leis an ùghdarras fhoghlaim air iarrtas phàrantan airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig ag aithneachadh gu bheil iarrtas gu leòr ann gus solar a chur air bhonn san sgìre an-dràsta. Bidh seo cuideachd a' tairgse cothrom don ùghdarras fhoghlaim a bhith a' sealltainn buaidh a bharrachd a dh'ionnsaigh coileanadh nan targaidean reachdail nàiseanta airson Gàidhlig. A bharrachd air sin, don h-uile duine òg bheir e

barrachd cothrom air Foghlam tron Ghàidhlig a tha stèidhte san sgìre aca fhèin, air tòir air sàr-mhathas, cothromas agus co-ionannachd ann am foghlam na h-Alba.

2.4 Tha an t-ùghdarras foghlaim air sgìre na comhairle air fad a chomharrachadh mar an sgìre-mheasaidh, air am bithear a' measadh gus faicinn a bheil Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a dhìth. Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh den bheachd gum bu chòir comhairle a ghabhail bho phàrantan a thaobh an àite as fheàrr a gheibheadh far an gabh an t-seirbheis Foghlam tron Ghàidhlig a shuidheachadh. Bu chòir gum bi seo a' ciallachadh gum bi Foghlam tron Ghàidhlig na roghainn tharraingich a bhios a' tàladh fàs ann an clàrachaidhean bliadhna an dèidh bliadhna. Ann an 2017, dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig, a dh'iarr air ùghdarrasan foghlaim sgìrean-sgoile, stiùireadh air iarrtasan airson àiteachan-sgoile agus stiùireadh air clàradh is intrigeadh a stèidheachadh airson Foghlam tron Ghàidhlig. Bu chòir don ùghdarras foghlaim na dleastanasan seo a thoirt air adhart gus cothrom air Foghlam tron Ghàidhlig a dhèanamh comasach ann an dòigh cho-ionann is chothromach. Bu chòir gu bheil poileasaidh soilleir aca air mar a chumas iad taic ri cothromas ann a bhith a' solarachadh còmhhdhail an-asgaidh do na sgoiltean aca far am faighear Foghlam tron Ghàidhlig. Bidh seo gu h-àraidh buntainneach mas e 's nach eil ach aon sgoil ann san ùghdarras foghlaim far am faighear Foghlam tron Ghàidhlig. Bidh e cudromach gu bheil an t-ùghdarras foghlaim a' coileanadh Measadh Buaidh air Co-Ionannachd is Còraichean Daonna.

2.5 Tha an t-ùghdarras foghlaim mothachail air na modhan-obrach, a tha de chàileachd àrd agus sònraichte do dh'Fhoghlam tron Ghàidhlig, a gheibhear ann an [Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig, 2017](#), agus tha iad mothachail air deagh chleachdadh mar a chaidh a chomharrachadh tro sgrùdaidhean. Bu chòir don ùghdarras foghlaim a bhith a' planadh a dh'ionnsaigh leantail eachd ionnsachaidh 3-18 a bhios a' toirt bàrr air na riatanasan reachdail airson Foghlam tron Ghàidhlig. Bhiodh e deagh-bhreithnichte a bhith a' planadh cuideachd airson tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne bho thrì gu còig gus beàrn cothromais sam bith a dh'fhaodadh èirigh a lùghdachadh, gus buileachadh na cloinne àrdachadh agus gus dèanamh comasach do chloinn cothrom fhaighinn air a' churraicealam bho aois trì. Ann a bhith a' toirt seo air adhart, dh'fhaodadh an t-ùghdarras foghlaim cothrom a ghabhail air maoinachadh sònraichte bho Riaghaltas na h-Alba. Dh'fhaodadh iad cuideachd cothrom a ghabhail air taic bho Bhòrd na Gàidhlig gus solar a chur air doigh, a' gabhail a-steach luchd-obrach iomchaidh. Thathar ag aithneachadh nach e a' chùis gum bi a' chlann a bhios air an clàradh airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig ann an 2023 a' faighinn buannachd à tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne tro làn-bhogadh.

2.6 Tha am Plana Gàidhlig 2017-2022 aig an ùghdarras foghlaim ag ràdh gu bheil Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear a' cleachdadh nan seirbheisean Foghlam tron Ghàidhlig aig dà ùghdarras foghlam a tha am fagas. Tha an dà ùghdarras foghlaim seo a' cleachdadh dà mhodail libhrigidh eadar-dhealaichte airson Foghlam tron Ghàidhlig. Bidh aon mhodail ga libhrigeadh tro làn-bhogadh ann an sgoiltean uile-Ghàidhlig. Bidh am modail eile ga libhrigeadh tro làn-bhogadh ann an sgoiltean dà-mheadhanach, far a bheil ionnsachadh a' tachairt tron Ghàidhlig agus tron Bheurla san aon sgoil fo cheannas an aon cheannaird. Bu chòir gu bheil an t-ùghdarras foghlaim soilleir, ann a bhith a' co-chomhairleachadh le pàrantan, de am modail libhrigidh as fheàrr a tha aca airson làn-bhogadh de chàileachd àrd ann an Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear.

2.7 'S e an solar Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a th' ann mar-thà aon de na bun-chùisean àithnteil air am feumar fa-near a thoirt ann am measaidhean iomlan. Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh, ann a bhith a' gabhail os làimh an dleastanasan fo Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010, air aithris a dhèanamh air an iarrtas, a tha a' fàs, airson Foghlam tron Ghàidhlig ann an sgìre Comhairle Baile Ghlaschu. Ri linn seo, tha Comhairle Baile Ghlaschu air fios a thoirt nach urrainn dhaibh seirbheisean Foghlaim tron Ghàidhlig a thabhann dhaibhsan a

tha a' fuireach taobh a-muigh sgìre an ùghdarras sin. Bu chòir don ùghdarras fhoghlaim beachdachadh air seo cuideachd ann a bhith a' coileanadh an dleastanais reachdail aca gus Foghlam tron Ghàidhlig a sholarachadh.

3. Geàrr-chunntas

3.1 Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air measadh a dhèanamh, agus beachdan a thoirt seachad, air breith Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear a thaobh an fheum a dh'fhaodadh a bhith ann airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig taobh a-staigh an ùghdarras fhoghlaim bhon Lùnastal 2023. Tha sinn air tarraing air an eòlas speisealta a th' againn aig ìre nàiseanta gus beachdachadh air mar a dh'fhaodadh Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a bhith a dhìth agus air mar a ghabhadh a stèidheachadh. Tha seo air fa-near a thoirt dhan t-suidheachadh a th' ann an Alba san fharsaingeachd a thaobh phàrantan, Gàidhlig agus foghlam. Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh den bheachd gum feum Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a bhith air a stèidheachadh ann an Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear bho Lùnastal 2023. Bidh seo a' toirt taic do dh'ard-amas an ùghdarras fhoghlaim a bhith ag adhartachadh sàr-mhathas agus cothromas don h-uile neach-ionnsachaidh. Tha sinn air geàrr-chunntas a dhèanamh air ar beachdan air grunn bhun-chùisean àithnteil airson an ùghdarras fhoghlaim beachdachadh gus Foghlam tron Ghàidhlig a chur an gnìomh gu soirbheachail.

Luchd-sgrùdaidh na Banrigh Am Faoilleach 2022